

Daingnich ma chreideamh ann na bha,
 Is beothaich gradh am ebridhe stigh,
 Is neartuich mi chum umhlachd dha,
 Ann uile aitheanta naomh a lagh.

O dean mi phlanndach ann an Criod !
 'S mo chrionach brisidh mach le blath ;
 Is bidh gach subhaile 's naomha gleus,
 Mar mheas a lub mo gheug gu lar.

Gach inbhe 'n cuir thu mi ean t-saogh' i
 Dean daonnan toilicht' mi le 'm staid ;
 Ma's bochd, no beartach, tinn, no slan,
 Do thoil gu brath biodh deant air fad.

O 's grasmhor Dia 'n air bheir e seach !
 'S gu beachd tha DHIULTADH lan do GHRADH
 'S fior-bheannachd ann an atharach dreach ;
 Gach CROIS is CREACH a thig o laimh.

O buidheachas do Dhia nan gras
 Chuir chugam slanui'fhear nam buadh ;
 Eiric mo shaorsa chi na bhlas ;
 'S an luach a phaidhair m' anam truagh.

'S e fein do chlaon a dhruim faoi m' chnail ;
 Chum manam dhireadh suas gu Dia !
 Chosd gach tiobhlaic th' agam uaith,
 Geur-chradh is osun' chruaidh do chliabhar.